

# BUSINESS PLAN

## PLANA GNOTHACHAIS

### 2020/21



**CROFTING COMMISSION**  
**COIMISEAN NA CROITEARACHD**

Chaidh am Plana Gnothachais a leasachadh agus aontachadh le Bòrd Coimisean na Croitearachd ro ghlasadh covid-19 air 23 Màrt 2020. Ann an seagh do-sheachanta, bheir covid-19 buaidh air lìbhrigeadh a' phlana seo ann an dòighean nach b' urrainnear ro-innse aig an àm.

## Clàr-innse

RO-RÀDH .....	<b>Error! Bookmark not defined.</b>
ADHBHAR A’ PHLANA GNOTHACHAIS .....	4
<b>BUIL A h-AON – THA CROITEAN AIR AN GABHAIL AGUS AIR AN STIÙIREADH .....</b>	<b>5</b>
<b>BUIL A DHÀ – FEARANN IONALTRADH AIR A RIAGHLADH AGUS CLEACHDAIDHEAN STIÙIRIDH CO-ROINTE A’ LEANTAINN .....</b>	<b>8</b>
<b>BUIL A TRÌ – CROITEARACHD AIR A RIAGHLADH ANN AN DÒIGH CHOTHROMACH, ÈIFEACHDACH AGUS BHUADHACH .....</b>	<b>11</b>
<b>BUIL A CEITHIR – CROITEARACHD GHNÌOMHACH LE TAIC THEACHDAIL TRO CHONALTRADH FIOSRACHAIL LE LUCHD-ÙIDHE .....</b>	<b>16</b>
<b>BUIL A CÒIG – THA NA SGILEAN CEART AGUS AN DEALAS AIG AR SGIOBA-OBRACH AIRSON GNÌOMHADH COILEANTA, THA AR PRÒISEASAN RIAGHLAIDH NAN DEAGH CHLEACHDADH .....</b>	<b>18</b>
TOMHAS SOIRBHEACHADH.....	20
BUILEAN NÀISEANTA.....	20
FIOSRACHADH MU BHUIDSEAT .....	22

## RO-RÀDH

Bha 2019/20 aig teis-meadhain nan còig bliadhna thaghte aig na Coimiseanairean, agus lean sinn air adhart a' lìbhrigeadh nam prìomhachasan a stèidhich am Bòrd don bhuidheann ann an 2017. Is e leasachadh air coileanadh riaghlaidh prìomh chuimse na bliadhna, agus tha mi toilichte aithris gu bheil amannan tionndaidh meadhanail uile airson nam prìomh sheòrsachan tagraidh air a dhol am feabhas, a dh'aindeoin ìre àrd de thagraidhean a' leantainn. Chaidh na leasachaidhean sin a choileanadh tro chuimse air sgioba-obrach agus trèanadh do na sgiobaidhean riaghlaidh, Pròiseact leasachaidh ann an co-bhonn le luchd-obrach Riaghaltas na h-Alba, agus cur an gnìomh air siostam eagrachaidh. Tha an siostam eagrachaidh co-cheangailte ris an àireamh bheag sin de chùisean far a bheil e faicsinneach bhon toiseach gum bi e doirbh an tagradh aontachadh. Faodaidh sinn a-nis cuireadh a thoirt do thagraichean iarrrtas às ùr a chur a-steach aig am bi cothrom fada nas fheàrr air soirbheachadh.

Nas fhaide air adhart sa bhliadhna, dh'fhoillsich sinn foirm ais-fhiosrachaidh theachdaichean sam faod croitearan fiosrachadh air ais a thoirt seachad mu ar n-ìrean seirbheis. Tha na ciad fhoirmean ais-fhiosrachaidh air a thighinn a-steach agus tha sinn taingeil dhaibhsan uile a lìon a-steach iad. Bha leasachadh eile air seirbheis theachdaichean le stiùiridhean di-chroitidh san àm a dh'fhalbh a chur ri ar Clàr Chroitean air-loidhne. Tha seo ga dhèanamh comasach don phoball agus an àidseantan is luchd-lagha sgrùdadh a dhèanamh air eachdraidh di-chroitidh a thaobh croit sam bith.

Tron bhliadhna, tha sinn air ar n-obair a leudachadh gus croitearachd adhartachadh. Tha ar sgioba Còmhnaidheachd is Cleachdadh Fearainn air leantainn orra a' conaltradh ris na ceudan de chroitearan nach eil a' coileanadh an dleastanasan agus tron bhliadhna fhuair sinn fuasgladh air mòran de na cùisean sin le 32 croitear a' tilleadh a dh'fhuireach air no faisg air an croitean, 28 sònrachadh/tar-aiseag, 88 fo-ghabhail/leigeilean geàrr-amail, agus 6 crìochnachaidhean. Tha ar sgioba ionaltraidh air an obair a leudachadh mar thaic do chomataidhean ionaltraidh, mar eisimpleir le bhith a' sponasradh trèanadh do chlàrcan agus comataidhean. Mar thoradh air obair na sgioba seo, tha sinn air an àireamh de chomataidhean ionaltraidh ann an oifis fhaicinn ag èirigh gu timcheall air 40, a' cur stad air gluasad fad-amail. Aig àm sgrìobhaidh, tha an Coimisean a' beachdachadh gu dlùth air na h-atharrachaidhean don t-siostam croitearachd a dh'fhaodadh a neartachadh mu choinneamh an ama ri teachd, agus tha sinn a' planadh air pàipear fhoillseachadh mun seo nas fhaide air adhart ann an 2020. Tha prìomh thèaman a' gabhail a-steach mar a tha croitearachd a' cur taic ri fulangas choimhearsnachdan iomallach agus dìon na h-àrainneachd.

Tha a' bhliadhna air a bhith dripeil cuideachd a thaobh riaghladh a' Choimisein, le sgrùdadh fàbharach san fharsaingeachd air ar n-obair air an Riatanas Dìon Dàta Coitcheann (GDPR) agus foillseachadh air Plana Sgioba-obrach ùr agus mionaideach. Lean am Bòrd agus an luchd-obrach air adhart a' toirt prìomhachas do bhith fosgailte agus ruigsinneach don phoball croitearachd, tro ar làthaireachd foirmeil aig 5 fèilltean àiteachais as t-samhradh agus tadhal glè shoirbheachail air Earra-Ghàidheal san Dàmhair 2019.

**Bill Barron – Àrd-Oifigear**

*An Cèitean 2020*

## ADHBHAR A' PHLANA GNÌOMHACHAIS

Gach bliadhna, tha ar Plana Gnothachais a' mìneachadh prìomh chinn-uidhe a' Choimisein airson na bliadhna a tha ri teachd. Tha iad sin air an cur sìos anns na clàran gu h-ìosal, a tha a' toirt iomradh air ar prìomh rùintean agus amasan. Tron bhliadhna, tha am Plana Gnothachais na inneal sgrùdaidh air ar n-adhartas agus na chuideachadh ann an stiùireadh luchd-obrach, ionmhas agus goireasan eile, gus na builean a tha sinn a' sireadh a choileanadh.

Bidh adhartas mu choinneamh a' Phlana seo air ath-sgrùdadh gu cunbhalach leis an Àrd-Sgioba Stiùiridh agus air aithris don Chomataidh Sgrùdaidh is Ionmhais tro ar n-aithisgean stiùiridh coileanaidh ràitheil. Tha aithris cunbhalach a' cuideachadh le dèanamh cinnteach gum fuirich sinn cuimsichte air na prìomhachasan, agus gu bheil na goireasan ceart san àite cheart aig an àm cheart. Bidh adhartas air a thomhas tro ar Prìomh Chomharran Coileanaidh bho am bi am Bòrd againn a' faotainn ùr-fhiosrachadh cunbhalach air adhartas.

Tha na Builean Corporra sa Phlana Chorporra againn 2019 – 2022 mar a leanas:

<b>Buil a h-Aon</b>	<b>Tha croitean air an gabhail agus air an stiùireadh</b>
<b>Buil a Dhà</b>	<b>Tha fearann ionaltraidh air a riaghladh agus cleachdaidhean stiùiridh co-roinnte a' leantainn</b>
<b>Buil a Trì</b>	<b>Tha croitearachd air a riaghladh ann an dòigh chothromach, èifeachdach agus bhudhach</b>
<b>Buil a Ceithir</b>	<b>Tha croitearachd gnìomhach a' faotainn taic theachdail tro chonaltradh fiosraichte le luchd-ùidhe</b>
<b>Buil a Còig</b>	<b>Tha na sgilean ceart agus an dealas aig ar sgioba-obrach airson gnìomhadh coileanta, tha ar pròiseasan riaghlaidh nan deagh chleachdadh</b>

## BUIL A h-AON – THA CROITEAN AIR AN GABHAIL AGUS AIR AN STIÙIREADH

Le bhith a’ dèanamh cinnteach gu bheil croitearan a’ gèilleadh do an Dleastanasan le bhith ag obair le coimhearsnachdan croitearachd agus luchd-ùidhe, is urrainn dhuinn an àireamh de chroitean a mheudachadh a tha air an gabhail agus air an stiùireadh.

### Aithris

Bho 2017, tha sinn air a bhith a’ leudachadh ar n-obair gus na riathanasan do chroitearan a bhrosnachadh – agus uaireannan a sparradh – a thaobh a bhith a’ còmhnaidh air no faisg air na croitean aca agus am fearann àiteach ’s a chumail suas. Thar na bliadhna a tha romhainn, leanaidh sinn air adhart a’ sgrùdadh bhrisidhean dleastanais a tha air an aithris, ag obair le uachdarain poblach is prìobhaideach, agus a’ conaltradh leothasan a tha ag aithris an neo-ghèillidh tron chunntas chroitean. A thuilleadh air an sin, tòisichidh sinn gnìomh sparraidh air na daoine fa leth sin nach do thill an fhoirm cunntais aca ach far a bheil an seòladh aca a’ sealltainn nach eil iad gu h-àbhaisteach air a’ chroit aca; agus leanaidh sinn a’ leasachadh innleachdan airson cùisean a ghreasad bho obair-cùise riaghlaidh prìomh-shruthach gu sparradh for-ghnìomhach gus a dhèanamh cinnteach gu bheil croitean air an gabhail agus air an obrachadh.

Bidh ar dòigh-obrach taiceil: cuidichidh agus comhairlichidh sinn croitearan air na roghainnean a tha fosgailte dhaibh gus am brisidhean dleastanais a chur ceart; agus mar an ceudna obraichidh sinn le uachdarain gus croitean falamh ath-leigeil agus dèiligeadh ri cùisean leantainneachd, agus cuidichidh sinn iad gu an dòigh as fheàrr a thuigsinn air a dhèanamh cinnteach gu bheil croitean uile air an stiùireadh ann an dòigh dheimhinneach.

### Prìomh Chlachan-mìle

Àireamh	Ceann-latha	Clach-mhìle
1a	Cèitean 2020	Ath-sgrùdadh tillidhean Cunntais 2019 uile gus na cùisean uile às-tharraing far a bheil an neach-freagairt air a chomharrachadh gu bheil iad ann am briseadh air aon no barrachd de an dleastanasan reachdail.
1b	Lùnastal 2020	Sgrìobhadh gu luchd-freagairt cunntas 2019 a tha air innse dhuinn airson a’ chiad uair gu bheil iad ann am briseadh air aon no barrachd de an dleastanasan reachdail, a’ mìneachadh nan roghainnean airson am briseadh dleastanais a chur ceart leotha fhèin.
1c	Sultain 2020	Sgrìobhadh gu taghadh de chroitearan nach eil air freagairt don chunntas a-riamh agus far a bheil an seòladh a’ sealltainn briseadh còmhnaidheachd, a’ mìneachadh an roghainnean airson am briseadh dleastanais a chur ceart leotha fhèin.

1d	Sultain 2020	Leasachadh roghainnean do Choimiseanairean agus Mheasadairean a bhith an sàs gu for-ghnìomhach ann an dèanamh cinnteach gu bheil croitean air an gabhail 's air an stiùireadh, a' cuimseachadh air an neach nach eil a' còmhnaidh air a' chroit aca.
1e	Leantainneach	Gnìomh leantainneach a thaobh luchd-tillidh cunntas 2018, a' comhairleachadh air brisidhean den chiad uair, ag ath-aithris roghainnean airson am briseadh dleistanais fhuasgladh agus ag èirigh gu riarachadh fhiosan mar as iomchaidh.
1f	Leantainneach	Gnìomh leantainneach a thaobh luchd-tillidh cunntas 2017 agus 2018 a bha ann am briseadh air barrachd na aon turas, gus cùisean adhartachadh gu na solaran sparraidh tro earrann 26C gu 26H, ma dh'fhàilnich orra an suidheachadh fhuasgladh leotha fhèin.

## Prìomh Cheumnan Coileanaidh

Àireamh	Amas	Bun-loidhne	Targaid/Comharra	Ceum
1.1	An àireamh de chroitean falamh a lùghdachadh	144 sa Mhàrt 2019	Lùghdachadh de 5%	Thèid am figear a thoirt bhon Chlàr Croitean. Thèid 'Falamh' a mhìneachadh teann, mar iadsan a tha gu laghail falamh ach cuideachd às aonais neach-seilbh <i>de facto</i> .
1.2	Tòiseachadh air conaltradh le barrachd croitearan far a bheil amharas air briseadh dhleistanais RALU	77	Conaltradh RALU a thòiseachadh le 100 cùis ùr	Clàran de ghnìomh rianachdail. Thèid conaltradh riuthasan far na sheall cunntas 2019 briseadh san amharc airson a' chiad turas, taghadh de neo-fhreagairtich cunntais, agus cùisean eile air an ginteadh le m.e. fiosan no obair-cùise riaghlaidh.
1.3	An àireamh de bhrisidhean RALU fhuasgladh le croitear ann am briseadh an dleistanais còmhnaidheachd, le bhith a' tighinn a dh'fhuireach air a' chroit aca.	32	An àireamh a chumail suas no a mheudachadh ann an 2019-20	Clàran de ghnìomh rianachdail.
1.4	An àireamh de bhrisidhean RALU fhuasgladh tro shònrachadh croite, no reic air croit ann an seilbh.	28	An àireamh a chumail suas no a mheudachadh ann an 2019-20	Clàran de ghnìomh rianachdail.
1.5	An àireamh de bhrisidhean RALU air am fuasgladh tro fo-ghabhail, no lìos geàrr-amail air croit ann an seilbh.	88	An àireamh a chumail suas no a mheudachadh ann an 2019-20	Clàran de ghnìomh rianachdail.
1.6	An àireamh de bhrisidhean RALU air am fuasgladh tro chrìochnachadh gabhaltais, aonta do mholaidhean leigeil air màl, amsaa.	6	An àireamh a chumail suas no a mheudachadh ann an 2019-20	Clàran de ghnìomh rianachdail.



## BUIL A DHÀ – FEARANN IONALTRAI DH AIR A RIAGHLADH AGUS CLEACHDAIDHEAN STIÙIRIDH CO-ROINTE A’ LEANTAINN

Tha stiùireadh co-roinnte agus cleachdadh tarbhach air fearann ionaltraidh cudromach airson co-thàthadh agus seasmhachd croitearachd. Bidh an Coimisean ag obair le comataidhean ionaltraidh agus coimhearsnachdan croitearachd , a’ solarachadh an dà chuid stiùireadh agus taic gus dèanamh cinnteach à stiùireadh agus cleachdadh èifeachdach air fearann ionaltraidh.

### Aithris

Is e mòr-chuid obair na Sgioba Ionaidh taic, leasachadh agus brosnachadh a thoirt do chomataidhean ionaltraidh ann an coileanadh an dleastanasan. Thar na bliadhna a tha romhainn, bheir sinn prìomhachas do chonaltradh eadar an Coimisean agus comataidhean ionaltraidh agus aig an aon àm ag adhartachadh cudromachd agus èifeachdas chomataidhean far nach eil comataidhean an oifis gu làithreach. Gus seo adhartachadh, leanaidh sinn air adhart a’ conaltradh ri luchd-earrannan fearann ionaltraidh nach eil air comataidhean a thilleadh gu oifis agus a’ stèidheachadh ceangal le luchd-earrannan far nach eil comataidh ionaltraidh air a bhith aca airson bhliadhnaichean. A thuilleadh air an sin, solaraichidh agus cuiridh sinn ri trèanadh agus tachartasan eile co-cheangailte ri cruthachadh chomataidhean ionaltraidh agus stiùireadh air fearann ionaltraidh.

Leanaidh sinn air adhart a’ cuideachadh chomataidhean agus luchd-earrannan a’ fuasgladh cheistean agus ag obrachadh taobh a-staigh riatanasan reachdais co-cheangailte ri fearann ionaltraidh. Thèid comataidhean a bhrosnachadh gu sònraichte gabhail ris an teamplaid ùr airson riaghailtean ionaltraidh gus a dhèanamh cinnteach à co-fhreagarrachd le reachdas croitearachd. Tha dèanamh cinnteach gu bheil suidheachadh an luchd-earrannan agus an earrann sùmaidh buntainneach air an stèidheachadh air fearann ionaltraidh fo dhlùth aire.

### Prìomh Chlachan-mìle

Àireamh	Ceann-latha	Clach-mhìle
2a	Leantainneach	Fios a chur gu Comataidhean Ionaidh uile aig a bheil teirmean a’ tighinn gu deireadh, gam brosnachadh gu taghadh air Comataidh Ionaidh ùr a chur air dòigh.
2b	Leantainneach	Togail air faotainneachd stiùiridh do Chomataidhean Ionaidh agus Luchd-earrannan, air fhoillseachadh sa Ghearran 2019, airson stiùireadh èifeachdach air fearann ionaltraidh. Freagairt cheistean sam bith airson soilleireachadh.
2c	Leantainneach	Cumail suas conaltradh le luchd-earrannan fearann ionaltraidh nach eil air comataidh a thilleadh gu oifis agus stèidheachadh conaltradh le luchd-earrannan aig nach eil comataidh airson ùine nas fhaide.



2d	Leantainneach	Brosnachadh chomataidhean ionaltraidh gu gabhail ris an teaplaid ath-sgrùdaichte airson riaghailtean fearann ionaltraidh.
----	---------------	---

## Prìomh Cheumannan Coileanaidh

Àireamh	Amas	Bun-loidhne	Targaid/Comharra	Ceum
2.1	Meudachadh san àireamh de fhearann ionaltraidh le Comataidh ann an oifis.	485 Comataidh Ionlaidh ann an oifis air 31 Màrt 2020	An àireamh de Chomataidhean Ionlaidh ann an oifis.	Clàran rianachdail
2.2	Meudachadh san àireamh de fhearann ionaltraidh a tha air gabhail ri riaghailtean na teamplaid ùir.	6 ann an 2019-20	Aontaidhean a' Choimisein do riaghailtean ùra air an cur a-steach le comataidhean stèidhichte air an teamplaid.	An àireamh de riaghailtean ionaltraidh ùr air an aontachadh, a tha stèidhichte air an teamplaid ùir.
2.3	Coinneamhan no conaltradh susbainteach eile le Comataidhean Ionlaidh agus luchd-earrannan (mar a bhios riatanach) gus taic a thoirt dhaibh le riaghladh is stiùireadh air fearann ionaltraidh.	33 ann an 2019-20	An àireamh de bhailtean fearainn far an d' fhuair cùisean ionaltraidh cuideachadh, adhartachadh no fuasgladh, a' leantainn air conaltradh leis a' Choimisean.	Clàran de ghnìomh rianachdail. (Thoir an aire gu bheil seo a' còmhach diofar sheòrsachan de eadar-theachd bhon Choimisean: cur Chomataidhean ann an oifis; fuasgladh cheistean meadhanach mòr; agus cuideachadh le dèiligeadh ri sgaraidhean nas doimhne.)
2.4	Stèidheachadh cuibhreannan ceart air fearann ionaltraidh le bhith a' rannsachadh agus ag ùrachadh chlàran luchd-earrannan.	14 ann an 2019/20	An àireamh de bhailtean fearainn a chaidh a rannsachadh.	Clàran de ghnìomh rianachdail.
2.5	Leasachadh agus cuideachadh le trèanadh agus tachartasan eile do chomataidhean ionaltraidh agus stiùireadh air fearann ionaltraidh.	9 ann an 2019/20	An àireamh de thachartasan.	Clàran de ghnìomh rianachdail.

## **BUIL A TRÌ – CROITEARACHD AIR A RIAGHLADH ANN AN DÒIGH CHOTHROMACH, ÈIFEACHDACH AGUS BHUADHACH**

Tha sinn dealasach a thaobh seirbheis chàileachdail agus phroifeiseanta a sholarachadh do ar teachdaichean uile, gu h-àraid iadsan a bhios a' cur tagraidhean riaghlaidh thugainn no a bhios a' cur thagraidhean thugainn airson an croit a chlàradh, ath-sgrùdadh agus a chur air adhart gu Clàran Alba. Tha sinn dealasach a thobh cothromachd nar co-dhùnaidhean uile, agus tha sinn a' cumail sùil air ùineachan tillidh airson gach diofar seòrsa pròiseas.

Tha sinn dealasach cuideachd a thaobh leasachadh leantainneach air ar pròiseasan a-staigh gus co-dhùnaidhean cunbhalach is cothromach a lìbhrigeadh a tha a' gèilleadh do reachdas, agus cuideachd a' lìbhrigeadh luach don sporan phoblach. Le bhith a' grinneachadh mar a tha sinn a' lìbhrigeadh ar seirbheisean do theachdaichean, is urrainn dhuinn seirbheis nas luaithe, nas cunbhalach agus nas fiosrachail a sholarachadh do ar teachdaichean, mar sin a' leasachadh sàsachadh agus misneachd theachdaichean, agus aig an aon àm a' meudachadh luach an airgid.

### **Aithris**

Tron ath bhliadhna, leanaidh sinn air adhart a' dèanamh oidhirp air raointean a lorg far an urrainn dhuinn ar pròiseasan a leasachadh gus sàsachadh theachdaichean nar seirbheisean a mheudachadh. Leanaidh sinn air adhart a' leasachadh na Sgeama Tiomnaidh le bhith a' cumail sùil air paramadairean airson tiomnadh air gach aon de ar fuincseanan riaghlaidh.

Am-bliadhna, bidh sinn a' cuimseachadh air ath-sgrùdaidhean phròiseasan a ghabhail os làimh do dhà eile de fhuincseanan riaghlaidh a' Choimisein, gus a dhèanamh cinnteach gu bheil iad a' làn gèilleadh do reachdas làithreach, a' sealltainn poileasaidh agus gu bheil iad cho èifeachdach 's a ghabhas. Leanaidh sinn air adhart cuideachd a' toirt seachad trèanadh leantainneach agus ag ullachadh stiùireadh don Choimisean agus oifigich SGRPID, gus càileachd ar giullachd air obair-chùisean a leasachadh.

Obraichidh sinn cuideachd le Clàran Alba gus aonta a ruighinn air atharrachaidhean sam bith a tha riatanach gus an dòigh sa bheil an dà bhuidheann a' làimhseachadh obair clàraidh chroitean, a leasachadh, gu h-àraid far a bheil e ag eadar-obrachadh le tagraidhean riaghlaidh chroitean.

Thèid ar tabhartas didseatach a leudachadh gus cothrom nas motha a cheadachadh airson fèin-sheirbheis do ar teachdaichean agus càileachd na seirbheis a tha air a tabhann gu làithreach a leasachadh, le bhith a' dèanamh ar pròiseas tagraidh nas soilleire gus diùltadh air tagraidhean neo-dhligheach a lùghdachadh.



## Prìomh Chlachan-mìle

Àireamh	Ceann-latha	Clach-mhìle
3a	Cèitean 2020	An ath thogail air an t-Siostam Fiosrachaidh Croitearachd air a sgaoileadh agus feabhasachadh sgilean air a lìbhrigeadh.
3b	Ògmhios 2020	Leudachadh gu fuincseanan riaghlaidh eile (di-chroiteadh agus roinneadh làithreach), am pròiseas eagrachaidh airson cùisean le comas connspaideach a chomharrachadh aig ìre nas tràithe den phròiseas, gus dùilean theachdaichean a làimhseachadh a thaobh na h-ùine a bheir e a' giullachd an cùise agus a' bhuil san amharc.
3c	Ògmhios 2020	Ath-sgrùdadh an làraich-lìn gus an àireamh de fhoirmean mì-cheart a thathar a' faighinn a lùghdachadh.
3d	Ògmhios 2020	Daingneachadh agus sgaoileadh air siostam gus sàsachadh theachdaichean a thaobh Tagraidhean Riaghlaidh a thomhas.
3e	Iuchar 2020	Stèidheachadh sreath cunbhalach MI do gach raon den Choimisean airson na h-aithisg bhliadhnail, a' tòiseachadh le Riaghladh.
3f	Sultain 2020	Ath-sgrùdadh a ghabhail os làimh de phròiseas "Roinn le Neach-gabhail" (earrann 9)
3g	Sultain 2020	Daingneachadh le Neach-urrais mu mhaoineachadh airson adhartachadh thagraidhean air-loidhne, agus ag aontachadh dè an taobh a ghabhas an obair seo eadar na roghainnean a thathar a' nochdadh le planadh na àite.
3h	Dùbhlachd 2020	Ath-sgrùdadh a ghabhail os làimh de phròiseas "Leigeil chroitean falamh" (earrann 23(3))
3i	Dùbhlachd 2020	Aontachadh leasachaidhean le Clàran Alba air ar pròiseasan cothlamaichte, agus mar a ghabhas iad am buileachadh.

## Prìomh Chomharran Coileanaidh

Àireamh	Amas	Bun-loidhne	Targaid/Comharra	Ceum
3.1	Lùghdachadh ann an ùineachan tionndaidh meadhanail (croitean clàraichte, aontaidhean Sreath 1).	Figearan airson 2019/20:  Sònrachadh 8 seachdainean Di-chroiteadh CHS 8 Di-chroiteadh Pàirt 13.3 Leigeil le Uachdaran 9.4 Leigeil Luchd Seilbhe 11.4	Ùineachan tionndaidh meadhananail a lùghdachadh airson nam prìomh fhuincseanan riaghlaidh.	Ùine a' toirt bho àm tagraidh gu fios mun cho-dhùnadh, <i>do chùisean far nach eil clàradh a dhìth.</i>
3.2	Lùghdachadh san àireamh de chùisean riaghlaidh ri rèiteach an dèidh 12 mìosan.	Neo-fhaotainneach	Lùghdachadh san àireamh de chùisean fhathast beò an dèidh 12 mìosan.	An àireamh de chùisean riaghlaidh beò (de gach seòrsa, a' gabhail a-steach feadhainn an lùib clàraidh) air 31 Màrt, a fhuair an toiseach leis a' Choimisean o chionn còrr air 12 mìosan.
3.3	Reataichean sàsachaidh theachdaichean.	Neo-fhaotainneach	% de luchd-freagairt ag aithris sàsachadh le ceistean do CC	Chaidh siostam sàsachaidh theachdaichean fhoillseachadh mu dheireadh 2019-20, ach chan urrainn bun-loidhne obrachadh a-mach bhon dàta cuibhrichte a tha ri fhaotainn gu ruige seo.
3.4	Lùghdachadh san àireamh de cheistean coitcheann.	2,394 ann an 2019/20	Lùghdachadh na h-àireimh	An àireamh de cheistean coitcheann a fhuair an toiseach.
3.5	Lùghdachadh san àireamh de thagraidhean air an diùltadh mar thoradh air foirm mì-cheart a chleachdadh.	48 foirm air an diùltadh ann an 2018/19 mar thoradh air foirm ceàrr a thaghadh.	Lùghdachadh anns na seòrsachan	Tha teachdaichean air an stiùireadh nas fheàrr a dh'ionnsaigh foirmean tagraidh ceart a thaghadh, a' lùghdachadh thagraidhean air an

			fhoirmean mì-cheart.	diùltadh agus a' sàbhaladh ghoireasan.
--	--	--	----------------------	--

## BUIL A CEITHIR – CROITEARACHD GHNÌOMHACH LE TAIC THEACHDAIL TRO CHONALTRADH FIOSRAICHTE LE LUCHD-ÙIDHE

Tha dleastanas air a’ Choimisean ùidhean croitearachd adhartachadh, agus Riaghaltas na h-Alba a chomhairleachadh mu chùisean croitearachd. Tha sinn a’ cur fàilte air iomairtean co-obrachail le buidhnean eile gus cur ri leasachadh seasmhach air croitearachd. Tha sinn a’ coimhead air adhart ri Plana Leasachaidh Nàiseanta Riaghaltas na h-Alba airson croitearachd, ris a bheil dùil san t-Sultain 2020.

### Aithris

Sa bhliadhna a tha romhainn, coimheadaidh sinn airson cothroman air cùisean croitearachd a dheasbad le croitearan agus an riochdairean. Coinnichidh sinn gu cunbhalach le SCF, NFUS, fòram earrannan croitearachd agus am Buidheann Thar-Phàrtaidh air croitearachd, gus a dhèanamh cinnteach gu bheil ar n-obair a’ gabhail cunntas air am beachdan agus gu bheil e fosgailte is ruigsinneach dhaibh. Tarraingidh sinn air eòlas agus tuigse Measadairean a’ Choimisein.

Chì 2020 foillseachadh air beachdan a’ Choimisein mu chroitearachd san àm ri teachd, a thuilleadh air Plana Leasachaidh Nàiseanta Riaghaltas na h-Alba airson croitearachd.

### Prìomh Chlachan-mìle

Àireamh	Ceann-latha	Clach-mhìle
4a	Cèitean 2020	Comhairleachadh Riaghaltas na h-Alba air ar beachdan a thaobh am Plana Leasachaidh Nàiseanta airson Croitearachd, a tha san amharc.
4b	Ògmhios 2020	Coinneamh aig ìre Bùird ann an co-bhonn le buill Bùird Coimisean an Fhearainn
4c	Lùnastal 2020	Làthaireachd fhoirmeil Coimisein aig 6 fèilltean àiteachais air feadh na Gàidhealtachd 's nan Eilean.
4d	Sultain 2020	Foillseachadh pàipear Coimisein air Croitearachd san Àm ri Teachd.
4e	Samhain 2020	Pàipear Coimisein air mar as urrainn do chroitearachd a tabhartas a mheudachadh chun na h-ìre as àirde, a thaobh dìon bith-iomadachd agus lasachadh air atharrachadh gnàth-shìde.



## **Prìomh Cheumannan Coileanaidh**

*Chan eil Prìomh Cheumannan Coileanaidh ann don Bhuil seo*

## **BUIL A CÒIG – THA NA SGILEAN CEART AGUS AN DEALAS AIG AR SGIоба-OBRACH AIRSON GNÌOMHADH COILEANTA, THA AR PRÒISEASAN RIAGHLAIDH NAN DEAGH CHLEACHDADH**

Le bhith a’ dèanamh cinnteach gu bheil trèanadh iomchaidh agus tasgadh leantainneach aig ar luchd-obrach agus Buill a’ Bhùird againn, is urrainn dhuinn sgioba-obrach àrd-choileanadh a leasachadh. Nì sinn cinnteach gum bi ar buidheann a’ coileanadh a riatanasan laghail agus a’ cur ri cinn-uidhe farsaing Riaghaltas na h-Alba airson Alba.

### **Aithris**

Mar bhuidheann poblach, bidh sinn a’ coileanadh nan riatanasan laghail agus a’ strì airson deagh chleachdadh nar làimhseachadh air fiosrachadh, ar freagairteachd do ar teachdaichean, agus ar sireadh air conaltradh soilleir, èifeachdas agus luach an airgid. Sa bhliadhna a tha romhainn, leanaidh sinn air adhart a’ fighe a-steach ar pròiseasan airson dèiligeadh ri fiosrachadh is clàran ann an co-rèir ri riatanasan GDPR agus Achd Dion Dàta.

Leasaichidh sinn ar barantas air sàsachadh theachdaichean le bhith a’ dèanamh cinnteach gu bheil uidheaman làidir agus èifeachdach againn nan àite gus dèiligeadh ri agus fuasgladh fhaotainn do ghearanan sam bith bho theachdaichean. Leanaidh sinn air adhart a’ freagairt ann an deagh àm do ghearanan uile agus leasan ionnsachadh nuair a tha gearan air a chumail suas.

Cuiridh sinn am Plana Sgioba-obrach an gnìomh a chaidh a leasachadh ann an 2019-20, a’ coimhead ri trèanadh, conaltradh agus sàsachadh dreuchd do ar luchd-obrach a leasachadh.

Dìreach mar a tha croitearachd a’ cur ri toradh bìdh seasmhach gu h-àrainneachdail agus a’ dìon bith-iomadachd, leanaidh sinn mar riaghladair a’ cumail sùil air ar sgaoilidhean càrboin corporra agus ceumannan a chur an gnìomh airson an lùghdachadh.

## Prìomh Chlachan-mìle

Àireamh	Ceann-latha	Clach-mhìle
5a	Giblean 2020	Crìochnachadh buileachadh air plana gnìomha Suirbhìdh Luchd-obrach 2019
5b	Cèitean 2020	Cur an gnìomh modhan-obrach clàr gleidhidh fèin-ghluasadach taobh a-staigh CIS ath-sgrùdaichte
5c	Ògmhios 2020	Leudachadh planadh leantainneachd do phrìomh dhreuchdan mar a tha mìnichte sa Phlana Sgioba-obrach
5d	Dàmhair 2020	Plana a-staigh a thoirt gu buil airson cleachdadh is leasachadh luchd-obrach, mar a tha mìnichte sa Phlana Sgioba-obrach.
5e	Màrt 2021	Coilean Suirbhìdh 2021

## Prìomh Cheumannan Coileanaidh

Àireamh	Amas	Bun-loidhne	Targaid/Comharra	Ceum
5.1	Meudachadh ann an rangachadh air conaltradh luchd-obrach	51% as t-Earrach 2019	Meudachadh gu 55%	Sgòran cuibheasach airson seat de cheistean stèidhichte ann an suirbhìdh bhliadhnail luchd-obrach
5.2	Sgaoilidhean càrboin corporra	15.5tCO <sub>2</sub> e ann an 2018/19	Cumail cothrom no lùghdachadh	Sgaoilidhean bho shiubhal gnothachais le luchd-obrach agus coimiseanairean.

## TOMHAS SOIRBHEACHADH

Nar Plana Corporra 2019-22, chomharraich sinn seat de chomharran coileanaidh àrd-ìreil, a tha nochdte sa Phlana Gnothachais seo:

Comharra Àrd-Ìre	Ceann-uidhe	Plana Gnothachais 2019/20
Àireamh de chroitean falamh	Lùghdachadh	1.1
Àireamh de bhrisidhean dleistanais, air am fuasgladh tro ghnìomh Coimisein	Meudachadh	1.3, 1.4, 1.5
Àireamh de dh'ionaltraidhean le comataidh ann an oifis	Meudachadh	2.1
Ùineachan tionndaidh le tagraidhean riaghlaidh	Lùghdachadh	3.1
Reataichean sàsachaidh theachdaichean	Meudachadh	3.3
Rangachadh conaltradh luchd-obrach	Meudachadh	5.1
Sgaoilidhean càrboin corporra	Lùghdachadh	5.2

## BUILEAN NÀISEANTA

Tha builean ar Plana Corporra co-thaobhte riuthasan sa roinn phoblaich gus libhrigeadh air Builean Nàiseanta Riaghaltas na h-Alba a thoirt an gnìomh mar a tha mìnichte ann am Frèam-obrach Coileanadh Nàiseanta. Tha sinn a' creidsinn gu bheil sinn a' cur ri 4 de na Builean Nàiseanta mar a tha air an geàrr-iomradh gu h-ìosal.

Builean Nàiseanta	Builean CC	Mar a tha sinn a' cuideachadh
<b>Tha sinn a' cur luach, a' gabhail tlachd, a' dìon agus a' neartachadh ar n-àrainneachd</b>	AON A DHÀ A TRÌ A CEITHIR	Tha croitearachd air fhaicinn làn de bhuannachdan àrainneachdail, oir tha a h-àiteachas beag-dhèinead a' dìon bith-iomadachd luachmhor leithid machair agus cluaintean, agus a' toradh feòil is biadh eile le lorg càrboin fada nas lugha na cuid de chruthan toraidh eile. Tha obair a' Choimisein a' cur taic ri neart na roinne croitearachd. Is e stèidheachadh air barrachd chomataidhean ionaltraidh am prìomhachas a tha làithreach, oir tha prìomh àite aca sin ann an stiùireadh cleachdadh air meudachdan de fhearann ionaltraidh – faic Buil 2.
<b>Tha sinn a' fuireach ann an coimhearsnachdan a tha in-ghabhalach, cumhachdaichte, fulangach agus sàbhailte.</b>	AON A DHÀ A TRÌ	Tha an siostam croitearachd air a bhith an-còmhnaidh an lùib co-cheangal làidir leis a' choimhearsnachd. Tha an Coimisean a' cur taic ri gleidheadh àireamh-sluaigh ann an coimhearsnachdan iomallach dìreach tro sparradh air dleastanas còmhnaidheachd chroitearan (Buil 1), le grunn cheudan de rannsachaidhean a' dol air adhart agus dusanan de bhrisidhean air am fuasgladh leis a' chroitear a' tilleadh gu a chroit no ga sònrachadh do chuideigin eile. A thuilleadh air an sin, tha co-dhùnaidhean riaghlaidh a' Choimisein a' gabhail cunntas air ùidhean na coimhearsnachd croitearachd, agus bidh sinn a' cumail ceangal leis na comataidhean ionaltraidh agus na croitearan gus cuideachadh le cùisean sam bith fhuasgladh a dh'fhaodadh èirigh ann am bailtean.
<b>Tha eaconamaidh againn a tha farpaiseach gu cruinneil, tionnsgainneach, in-ghabhalach agus seasmhach.</b>	AON A DHÀ A TRÌ A CÒIG	Tha croitearan agus croitearachd nam pàirt chudromach de eaconamaidh na Gàidhealtachd agus nan Eilean. Tha obraichean pàighte pàirt no làn-ùine aig mòran chroitearan taobh a-staigh na coimhearsnachd ionadail fhad 's a tha mion-chuid a' faotainn teachd-a-steach bhon chroit fhèin. Tha obair riaghlaidh a' Choimisein a' cur taic ris an dà chuid toradh air biadh traidiseanta agus cuideachd measgachadh air feuman gnothaicheil chroitean, a bharrachd air ùghdarrachadh di-chroiteadh pàirt-chroitean mar as riatanach, gus iomairtean eaconamach a cheadachadh ri taobh croitearachd. Tha suirbhidhean air croitearan le Riaghaltas na h-Alba (2018) agus an Coimisean (2019) a' taisbeanadh fàs ann an atharrachadh ghnothachasan croitearachd gu turasachd, àiteach-gàrraidh, cumhachd ath-nuadhachail agus coilltearachd am measg fheadhainn eile.
<b>Tha sinn a' toirt spèis, a' dìon agus a' coileanadh</b>	A TRÌ A CEITHIR	Is e siostam stèidhichte air còraichean a th' ann an croitearachd agus tha riaghailtean a' Choimisein ann gus na còraichean sin a sheasamh. Sna bliadhnaichean mu dheireadh, tha an Coimisean air a bhith a'

<b>chòraichean daonna agus beò saor bho leth-breith.</b>	A CÒIG	freagairt do dh'àireamh a tha a' meudachadh de thagraidhean riaghlaidh ann an co-rèir ri còraichean chroitearan fon an lagh, a thuilleadh air a bhith ag obair le Clàran Alba gus an àireamh de chroitean a leudachadh a tha clàraichte agus air am mapadh le ùghdarras sa Chlàr Croitean. Mar an ceudna, tha an Coimisean dealasach a thaobh spèis don luchd-obrach aca, ann an co-rèir ri prionnsapalan HR agus poileasaidhean Riaghaltas na h-Alba. Bidh sinn a' coileanadh shuirbhidhean air beachdan luchd-obrach dà thuras sa bhliadhna, agus tràth ann an 2020 chuireadh crìoch air Plana Sgioba-obrach ioma-chuimseach.
--	--------	--

## FIOSRACHADH MU BHUIDSEAT

Tha sinn a' faotainn maoinachadh Tabhartas gus Cuideachadh bho Riaghaltas na h-Alba. Tha co-dhùnaidhean a thaobh buidseat poblach a bhios a' stèidheachadh ar cuibhreann de Thabhartas gus Cuideachadh, dèante air bhunait bhliadhnail agus mar sin tha daingneachadh againn air an riarachadh maoinachaidh do 2020/21 a-mhàin. Stiùiridh am Plana Gnothachais bliadhnail goireasan ionmhasail is luchd-obrach do na raointean prìomhachais a tha comharraichte sa Phlana Chorporra agus aontaichte leis a' Bhòrd.

Tha maoinachadh tabhartas gus cuideachaidh de £2.697m airson 2020/21 air a riarachadh do Choimisean na Croitearachd, le timcheall air 75% dheth air a riarachadh dìreach gu tuarastal luchd-obrach, agus tha an còrr a' còmhdach chosgaisean co-cheangailte ri buill den Bhòrd agus cosgaisean ruith àbhaisteach na buidhne.

A thaobh nan Cinn-uidhe Gnothachais airson 2020/21, is urrainn dhuinn cosgais libhrigidh mu choinneamh gach buil a thuairmseadh. Tha an clàr gu h-ìosal a' sealltainn na h-àireimh de FTE air an tuairmseadh mar a bhith ag obair air gach buil agus tha tuairmse den chosgais stèidhichte air na tuarastalan co-cheangailte ris na FTEan sin, còmhla ri cosgaisean co-cheangailte. Tha cosgaisean ruith stèidhichte (mar eisimpleir airson ar gabhail air Taigh a' Ghlinne Mhòir) air an gabhail a-steach air bunait co-rèireach do gach FTE.

A thuilleadh air an seo, tha cosgaisean iocaidh eile co-cheangailte ri peinnseanan eachdraidheil agus am Bòrd a' tighinn gu timcheall air £140k gu h-iomlan.

Buil Chorporra	FTEan	Tuairmse Cosgais
Croitean air an gabhail agus air an stiùireadh.	4.8	£300k
Tha fearann ionaltraidh air a riaghladh agus cleachdaidhean stiùiridh co-roinnte a' leantainn.	2.6	£130k

<b>Tha croitearachd air a riaghladh ann an dòigh chothromach, èifeachdach agus bhuadhach.</b>	31.0	£1,400k
<b>Tha croitearachd ghnìomhach a' faotainn taic theachdail tro chonaltradh fiosraichte le luchd-ùidhe.</b>	4.6	£340k
<b>Tha na sgilean ceart agus an dealas aig ar sgioba-obrach airson gnìomhadh coileanta, tha ar pròiseasan riaghlaidh nan deagh chleachdadh.</b>	7.0	£390k